



Cò ris a tha caractar coltach?

Stiùreadh

Eòlasan agus Builean

Litearrachd agus Gàidhlig

Sgrìobhadh: cleachdadh agus a' cur òrdugh air fiosrachadh

LIT 1-25a/1-26a



Gnè sgrìobhaidh

Sgrìobhadh tuairisgeul a' cleachdadh bhuadhairean.

Stuthan

Ullaich cruinneachadh de lusan agus de mheasan agus cuir sùilean agus beul orra. Feuch gum bi curran nam measg!

Inns do na sgoilearan gu bheil thu a' dol a thoirt tuairisgeul air fear dhiubh 's gum feum iad tomhas cò am fear ac' air a bheil thu a' bruidhinn.

Leugh an tuairisgeul a tha an cois seo.

Thoir gu aire na cloinne gur e **buadairean** a tha anns na facail a tha ag innse cò ris a tha rud coltach. Cuir cearcall timcheall nam buadhairean a tha anns an tuairisgeul.

Thoir air na sgoilearan smaoinichadh air tuilleadh bhuidhearan agus dèan liosta dhiubh gus am bi iad aca airson an sgrìobhaidh aca fhèin.

Gnìomh sgrìobhaidh

Builean Ionnsachaidh

A' cleachdadh bhuadhairean gus tuairisgeul a sgrìobhadh.

Gabhaidh tuairisgeul a sgrìobhadh aig dà dhiofar ìre a rèir comas na cloinne:

Ìre 1 - Sgrìobhaidh an tidsear na chanas an sgoilear.

Ìre 2 - Sgrìobhaidh an sgoilear an tuairisgeul gun chuideachadh.



Cò ris a tha caractar coltach?

Cailean an Fhuilt Uaine

Coltas:

Tha e **fada**.


Tha e **caol**.

Tha e **cruaidh**.

Tha a rùsg **rèidh**.

Tha a rùsg **orains**.

Tha am falt aige **uaine** agus **curlach**.



Canaidh daoine gu bheil e **liogach** agus **seòlta**. Canaidh iad gu bheil a ghuth **sèimh** agus canaidh iad gun gluais e **gu luath**.

'S e seo tuairisgeul Cailean an Fhuilt Uaine. Tha na buadhairean ag innse cò ris a tha e coltach.

1. Ceart no ceàrr?
 - A. B' urrainn do Chailean liùgadh a-steach ri do thaobh.
 - B. Tha dath soilleir air.
 - C. Tha a rùsg garbh.
 - D. Bhiodh Cailean math air ruith ann an rèis.
2. Nam biodh obair aig Cailean, saoil dè an seòrsa obair anns am biodh e an sàs? Inns carson a thagh thu an dreuchd seo.



Caractar

1. Tagh aon de na lusanaid no na measan seo no tagh aon a th' aig an tidsear.



tomàto



banana



peabar



sùbh-làr



ubhal

2. Sgrìobh buadhairean a dh'inneas cò ris a tha an caractar agad coltach.

a) dath

b) cumadh bodhaig

.....

.....

c) craiceann

d) falt

.....

.....

3. Sgrìobh buadhairean a dh'inneas cò ris a tha an caractar coltach nuair a

(a) ghluaiseas e

(b) bhruidhneas e

(c) làimhsicheas tu e



4. Dè an t-ainm a bheireadh tu air a' caractar agad?

.....

5. Dè an seòrsa obair a th' aig a' caractar agad?

.....

6. Carson a tha an dreuchd seo cho freagarrach dha?

.....

.....



Character

Sgrìobh tuairisgeul ann an seantansan an seo. Cuimhnich air na buadhairean!


Ainm

Dè an coltas a th' air/oirre?

.....
.....
.....
.....

Dè am beachd a th' aig daoine eile air/oirre?

.....
.....



Dèan dealbh den character agad an seo.

